

Comataidh Inbhean MG ALBA

BBC PQ, Glaschu

Diardaoin 27 Giblean 2017, 1400-1630

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Jo NicDhòmhnaill (*sa Chathair*) Magaidh Choineagan
 Catriona Nic a’ Phì Calum MacFhearghais

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
 Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
 Mairi Anna NicAonghais (*a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis, BBC ALBA*) - *an làthair airson puingeon 7-9*

1. Leisgeulan

Iain Stephen Moireasdan.

2. Gnothach Dearbhte

Catriona Nic a’ Phì – a’ gabhail pàirt ann am prògraman Bees Nees - Farpaisean Chon Chaorach agus Device Squad.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 26/1/17

Aontaichte, ach thèid ainm Corpais ùrachadh gu Comataidh Comhairleachaidh Cànan.
(Gnìomh: MAMI)

4. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

5. Fèin-mheasadh na Comataidh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail.

- Trèanadh – a) chaidh aontachadh na fiosan mu thrèanadh a tha a’ tighinn bho Riaghaltas na h-Alba a chuirteachadh air Buill (DC); b) gun deigheadh cothrom ùine le diofar luchd-obrach a thairgse do bhuill ma tha iad den bheachd gum biodh sin gu feum; c) gu bheil e an urra ri gach ball na feumalachdan sònraichte aca innse; d) gum bi cothrom aig buill rannsachadh nas mionaidich (TRP) fhaighinn ma tha iad ga iarraidh (IMT).
- Chaidh aontachadh fios a chuir gach cairteal gu Comataidhean agus chun Bhùird a thaobh co-dhùnaidhean phrògraman agus ciamar a tha sin a’ cur an cèill Lèirsinn 2021 agus a’ cur ri cor na Gàidhlig (Gnìomh: IMT)
- Coinneamhan na Comataidh – dheigheadh dèanamh cinnteach nach tèid an cumail air an aon là ri coinneamh a’ Bhùird.
- Gun tèid pàipearan airson gach coinneamh a chuirteachadh ann an barrachd tìde.

6. Aithisg Bhliadhnail na Comataidh 2016/17 & Clàr-obrach na Comataidh 2017/18

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh aontachadh ri Aithisg Bhliadhnail 2016/17 agus ri Clàr-obrach na Comataidh 2017/18 agus thèid seo air adhart chun bhùird san Ògmhios airson aonta. (Gnìomh: MAMI)

7. Lèirsinn 2021 – aithris air adhartas agus slatan-tomhais

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-innleachdail Lèirsinn 2021 agus chaidh còmhradh a chumail, le iomradh ga thoirt air na h-iomairtean a bha an sgioba a’ cleachdadh gus na h-amasan a ruighinn. Chaidh a chomharrachadh gum bi iomairt às ùr ga dhèanamh leis a’ chompanaidh ùr a bhios a’ tabhann Seirbheisean Brosnachaidh-aithne gus buaidh na seanail àrdachadh.

Chaidh aontachadh bho seo a-mach gun tèid iomradh nas doimhne air a’ chuspair seo (Lèirsinn 2021) a chuir ann an geàrr-chunntas na coinneimh. (Gnìomh: MAMI)

Chaidh aontachadh gun tèid fiosrachadh mu ruigse luchd-amhairc airson BBC One, Two msaa, a chuir ann an aithisg mu dhèanadas na seanail gus co-theacsa a thoirt do bhuill. (Gnìomh: IMT)

Chaidh deasbad cuideachd a chumail air dà chuspair co-cheangailte ri cùmhnantan mòra phrògraman (Pasgain) a tha an impis tighinn gu crìch às dèidh 3 bliadhna:

- i) coileantachd amasan leasachaidh na cùmhnantan pasgain – chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachtaichte.
- ii) lèirmheas ‘editorial’ air a’ bhliadhna mu dheireadh de na Pasgain Spòrs, Ceòl agus Aithriseach - chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachtaichte.

Chaidh taing a thoirt do dh’oifigearan airson pasgain soirbheachail.

8. Ionnsachadh

- a) Rannsachadh air buaidh nam meadhanan - bha pàipear air bheulaibh bhall, a’ toirt iomradh air rannsachadh maoinichte le Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA (Meriel Young Consulting) air buaidh nam meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh, agus chaidh deasbad a chumail.
- b) Amasan LearnGaelic airson 2017/18 - bha pàipear air bheulaibh bhall, a’ toirt iomradh air gu bheil Bòrd na Gàidhlig air aontachadh le MG ALBA gun tèid LearnGaelic a leasachadh mar phrìomh mheadhan agus brannd airson ro-innleachd ionnsachaidh inbhich a shoilleireachadh, a leasachadh agus a lìbhrigeadh. Chaidh innse gu bheileas air cuideigin fhastadh, ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig, gu dèanamh soilleir càite bheil na beàrnannan ann an stuthan fo thoiseach tòiseachadh ionnsachaidh gu ìre comais sa chànan. Tha an obair seo gu bhith air a dhèanamh ann an co-theacsa “Common European Framework of Reference for Languages”.

Chaidh aontachadh gum biodh e feumail toraidhean an rannsachaidh air Gràmar agus Briathrachas anns am bheil na h-oilthighean an sàs aig an àm seo a sgaoileadh aon uair ‘s gum bi e deiseil as t-Earrach 2018. (Gnìomh: IMT)

Chaidh na leanas aontachadh a thaobh an dà phuuing gu h-àrd:

- Gun tèid Plana Pròiseict airson LearnGaelic ullachadh air a’ bhonn-stèidh gu h-àrd;
- Gun tèid iarraidh air com-pàirtichean eile LearnGaelic – BBC, SMO, Bòrd na Ceiltis – taic a chur ris a’ Phlana;

- Gun tèid tilleadh chun chuspair airson adhartas a mhìneachadh a rèir clàr-ama na Comataidh. (Gnìomh: DC)
- Gun tèid seo a mholadh chun bhùird mar slighe air adhart gus LearnGaelic a leasachadh

9. Gàidhlig ann am prògraman

Bha pàipear air bheulaibh bhall, a' toirt iomradh air obair mion-sgrùdaidh air seachdainean 46 (2016) agus 7 (2017) airson am barrachd fios mionaideach mu ghnèithean phrògraman a thoirt do buill, agus chaidh còmhradh a chumail.

Tha BBC ALBA ag aithneachadh trì prìomh bhuidhnean de luchd-amhairc airson: Cridhe Gàidhlig; Gàidhlig le Co-Fhaireachdainn Nàiseanta; Nàiseanta:

Fianais mu Ghàidhlig agus Beurla ann an clàr BBC ALBA - an-uiridh, chaidh dà sheachdain a thaghadh ann an clàr phrògraman BBC ALBA – seachdain 46 (2015) agus seachdain 7 (2016). Am-bliadhna chaidh an aon dà sheachdain a thaghadh airson coimeas a dhèanamh – seachdain 46 (2016) agus seachdain 7 (2017).

Cleachdadh na Beurla - tha na figearan anns an t-sampail a' sealltainn lùghdachadh anns an àireamh de phrògraman ùra agus cunbhalachd a thaobh cleachdadh na Gàidhlig, Beurla agus cànan eile.

Obair leasachaidh - thathas air a bhith a' cur taic ri trèanadh Gàidhlig airson riochdairean agus tha goireas meantradh ann airson companaidhean riochdachaidh. Thèid ìmpidh a chumail air riochdairean a thaobh cleachdadh agus leasachadh na Gàidhlig ann am prògraman.

Chaidh na leanas aontachadh:

- gun deigheadh fios a chumail ri buill a thaobh prògraman san robh tuilleadh Beurla nan àbhaist;
- gu robh e cudromach gum biodh sealladh nas fheàrr air susbaint a rèir Lèirsinn 2021;
- san eacarsaich seo an ath-bhliadhna gun deigheadh fòcas nas teinne a dhèanamh air aon ghnè shònraichte;

- gun cuir buill an cuid beachdan air prògraman aig nach eil ìre Gàidhlig iomchaidh fa chomhair a’ Bhùird; agus
- gun tèid ceist a chuir air a’ phannal rannsachaidh air dè cho riarachaidh ’s a tha iad leis an ìre de Ghàidhlig ann am prògraman.

(Gnìomh: IMT)

10. Lèirmheas air FilmG

Chaidh seo a dheasbad fo phuing 7 agus bha buill riarachaidh.

11. Lèirmheas air Trèanadh

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt iomradh air na h-iomairtean san robhas an sàs agus bha buill riarachaidh.

12. Plana Nàiseanta – dreach freagairt

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha buill riarachaidh le na prionnsabalan sa phàipear agus dheigheadh dreach freagairt a chuirteachadh air buill a’ Bhùird ro 5/5/17. (Gnìomh: DC).

13. Co-chomhairle cead-craolaidh obrachaidh Ofcom (Ofcom Operating licence consultation)

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha buill riarachaidh le na prionnsabalan sa phàipear agus dheigheadh an tuilleadh còmhradh a dhèanamh aig coinneamh a’ Bhùird air 2/6/17.

14. GISBE

Chaidh a chomharrachadh cho cudromach ’s a bha e gum biodh ìomhaigh a’ chompanaidh ùir a bhios a’ tabhann Seirbheisean Brosnachaidh-aithne cho làidir ’s a ghabhadh.

15. Deit na h-ath choinneimh – 5/10/17, Glaschu

Ainm sgrìobhte a’ Chathraiche:

Deit: